

Cuspair Clàir-ghnothaich	5
Àir. Aithisge	G/10/22

COMHAIRLE NA GÀIDHEALTACHD

Comataidh: Comataidh na Gàidhlig

Ceann-latha: 2 Samhain 2022

Tìotal Aithisge: Coileanadh mu Choinneamh Plana na Gàidhlig 3 (PnG3)

Aithisg le: Àrd-Oifigear Gnìomhach, Coileanadh agus Riaghlachas

1. Adhbhar/Geàrr-chunntas Gnìomhach

- 1.1 'S e prìomh adhbhar na h-aithisge fios a thoirt do Bhuill mu adhartas le bhith a' libhrigeadh Plana na Gàidhlig 3 (PnG3) agus mar a thathar a' sgrùdadh seo.
- 1.2 Mar a chaidh innse ann an aithisgean roimhe, tha Comhairle na Gàidhealtachd a' cleachdadh Siostam Coileanaidh agus Rianachd Cunnairt (*Performance and Risk Management System* – PRMS) airson planaichean seirbheis is corporra a sgrùdadh. Seach gur e plana corporra a th' ann am PnG3, chaidh a thoirt an lùib siostam PRMS. Tha seo a' toirt cothrom air siostam aithris nas snasaile is nas fòcusaichte airson a bhith a' buileachadh a' Phlana.

2. Molaidhean

- 2.1 Thathar ag iarraidh air Buill:
 - i. Beachdachadh air an aithisg agus toirt fa-near dhan aithisg.

3. Buidhean

- 3.1 Goireas – A bharrachd air maoineachadh Chomhairle na Gàidhealtachd, tha maoineachadh tabhartais cuideachd air a thoirt seachad le Riaghaltas na h-Alba agus diofar shruthan maoineachaidh Bhòrd na Gàidhlig airson cuideachadh le bhith a' libhrigeadh a' Phlana. Tha Buidseat Thabhartasan Plana Gàidhlig Reachdail na Comhairle air a chleachdadh cuideachd airson taic ionmhasail a thoirt do phrìomh bhuidhnean air an taobh a-muigh a tha a' cuideachadh gus seirbheisean is gnìomhan comasachaidh ann am PnG3 a libhrigeadh.
- 3.2 Laghail – Tha e mar riatanas air Comhairle na Gàidhealtachd gum bi Plana Gàidhlig

aontaichte aice a rèir Achd na Gàidhlig (Alba) 2005. Mar an ceudna, tha dleastanasan ann a thaobh a bhith a' dèanamh cinnteach gu bheil geallaidhean a' Phlana air am buileachadh.

- 3.3 Coimhearsnachd (Co-ionannachd, Bochdainn, Dùthchail agus Eilean) – Tha fòcas làidir coimhearsnachd aig PnG3 thar na Gàidhealtachd air sàillibh nan gnìomhan is na taic a thathar a' toirt seachad ann an coimhearsnachdan far a bheil foghlam Gàidhlig agus taic is leasachadh coimhearsnachd air an solarachadh.
- 3.4 Atharrachadh Gnàth-shìde / Carbon Ciallach – Chan eil buaidhean sam bith ann mar thoradh air an aithisg seo. Tha Sgioba na Gàidhlig a' leantainn air adhart a' dèanamh feum cho math 's a ghabhas de theicneòlasan a thaobh choinneamhan, siubhal agus oideachadh air-loidhne.
- 3.5 Cunnart – Chan eil cunnartan sam bith a' tighinn am bàrr bhon aithisg seo.
- 3.6 Gàidhlig – Tha buaidhean fìor mhath air gleidheadh is leasachadh cànan is cultar na Gàidhlig thar nan roinnean is nam buidhnean-aoise uile, agus tha i cuideachd a' neartachadh luach sòisealta is eaconamach na Gàidhlig is a cultair co-cheangailte.

4. Plana na Gàidhlig 3

- 4.1 Tha na cuspairean a leanas ann am PnG3, agus iad a rèir àrd-amasan Bhòrd na Gàidhlig:
 - A' Ghàidhlig san Dachaigh, ann an Tràth-ionnsachadh is Cùram-chloinne
 - A' Ghàidhlig sa Choimhearsnachd
 - A' Ghàidhlig ann am Foghlam
 - A' Ghàidhlig sna h-Ealain, ann an Cultar is Dualchas
 - A' Ghàidhlig san Àite-obrach
 - Luach Sòisealta, Eaconamach is Cultarail na Gàidhlig
- 4.2 Tha an Siostam Coileanaidh agus Rianachd Cunnairt (PRMS) a' toirt cothrom fios às ùr RAG a chur a-steach às dèidh na h-ùine aithris. Mar eisimpleir, chan eil cunntas mu Chairteal 2 (luchar-Sultain 2022) ri fhaotainn gu 3 Dàmhair. Air sàillibh ceann-latha coinneamh Comataidh na Gàidhlig, cha deach cunntas iomlan às ùr dhen choileanadh a' buntainn ri PnG3 a chur do **Eàrr-ràdh** na h-aithisge seo. An àite seo thèid làn-chunntas air coileanadh Cairteal 2 a thaobh a' Phlana a thoirt seachad aig an ath Chomataidh Ghàidhlig.

5. PnG3, Cuspair 5: A' Ghàidhlig san Àite-obrach: Gun leanar air adhart ag àrdachadh inbhe is ìomhaigh na Gàidhlig, mothachadh mun Ghàidhlig agus cleachdadh na Gàidhlig thar seirbheisean na Comhairle air fad.

- 5.1 'S e prìomh ghnìomh comasachaidh a tha a' buntainn ri Cairteal 2 ann an Cuspair 5: A' Ghàidhlig san Àite-obrach, gun tèid seiseanan Mothachadh mun Ghàidhlig a thoirt seachad do Bhuill Thaghte agus luchd-obrach na Comhairle. Tha Sgioba na Gàidhlig air seo a thoirt air adhart agus chaidh seiseanan Teams a chumail do Bhuill Thaghte air 4mh agus 5mh Dàmhair.
- 5.2 Bidh na seiseanan trànaidh rim faotainn air Eadra-lìon nam Ball airson cothrom a thoirt do Bhuill coimhead orra aig àm a tha freagarrach dhaibh fhèin. Faic **Eàrr-ràdh 1**.

6. Solar Foghlam tron Ghàidhlig 3–18 ann an Inbhir Nis

Às dèidh freagairt shoirbheachail do 'Iarrtas airson Fiosrachadh' a bha a' sireadh fiosan a' nochdadh ùidh gus sgrùdadh so-dhèantachd a ghabhail os làimh a thaobh a bhith a' lìbhrigeadh campas FtG 3–18 ann an Inbhir Nis, tha sinn a-nis a' dol air adhart gu Cuireadh airson Ro-aithris Chosgaisean no *Invitation to Quote* (ITQ). Chaidh dreachd ITQ ullachadh agus thathar ga chrìochnachadh mus tèid a chur a-mach. Thathar an dùil gum bi e comasach dhuinn dearbhadh cò bhios a' gabhail an sgrùdaidh os làimh, agus frèam-ama airson a chrìochnachadh, ron ath Chomataidh.

Ainmeachadh: Àrd-Oifigear Gnìomhach airson Coileanadh agus Riaghlachas

Ceann-latha: 28 Sultain 2022

Ùghdaran: Mòrag Anna NicLeòid Mitchell

Pàipearan Cùl-fhiosrachaidh:

Elected Members' Training

'Gaelic and the Highland Council' – 'Gàidhlig agus a' Chomhairle'

Two live interactive sessions will be delivered on Teams and Members have the option of choosing which session they wish to attend

October Tuesday 4th 10:00 -11:00

October Wednesday 5th 14:00 to 15:00

The duration: - 50-minute, power point presentation, followed by 10 minutes of questions and discussion

The training will be available on the Highland Council Website for a period of two months following on from the online training

The Training provider is Mr Ruairidh Maclean (Roddy)

Fàilte/ Welcome to all attendees from Cllr Calum Munro

Chair of the Gaelic Committee

The following areas will be covered in each session: -

- Why are the Highlands the 'Gàidhealtachd'?
- Gaelic as a landscape language
- Economic opportunities connected to Gaelic
- Bilingualism and the modern Gaelic 'Revival'

The purpose of the Sessions are as follows: -

- A give comprehensive appreciation of Gaelic's place in our society, particularly in the Highlands and Islands, both historically and in a modern context
- A greater understanding of the benefits that can accrue to the Highland Council and its communities through further engagement with the language
- To support and develop a greater understanding and awareness of Gaelic language and culture in Highland
- To provide a context for Gaelic relevant to the Highlands
- To support understanding of Gaelic and the role of the Local Authority in preparation for the renewal of the Highland Council Gaelic Language Plan

Should Members request additional information please contact gaelic@highland.gov.uk